

## Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaile MG ALBA

MG ALBA, Steòrnabhagh

Diardaoin 5/9/19, 1130-1430

### Dreachd geàrr-chunntas

**Buill:** Donaidh MacAmhlaidh (sa Chathair) Daibhidh Brew  
Màiri Kidd

**Luchd-obrach:** Dòmhnull Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Donaidh Dòmhnullach (Stiùiriche Ionmhais Eadar-amail)  
Nicola Pearson (Cunntasair Stiùiridh)  
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail notaichean)

### Gnothaichean gnàthach

Le Donaidh MacAmhlaidh a' gabhail a-null dreuchd Cathraiche na Comataidh, thug e taing dha Daibhidh Brew airson an obair ionmholta a rinn e thairis air nam bliadhnaichean. Tha Daibhidh fhathast na bhall den Chomataidh gus am bi a dhreuchd a' tighinn gu crìch an ath-bhliadhna.

#### 1 Leisgeulan

Dùghall MacAmhlaigh.

#### 2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

#### 3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 21/5/19

As dèidh aon phuing bheag a cheartachach chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.

#### 4 Gnothaichean ag èirigh

- 4.1 Chaidh deasbad a chumail air an fhiosrachadh co-cheangailte ri luchd-obrach a' gabhail ùine dheth gun phàigheadh airson a bhith a' gabhail pàirt ann am prògraman.
- 4.2 Chaidh aontachadh gu feumadh lùghdachadh a bhith ann an còirichean peinnsein (rud a bha a' tachairt co-dhiù) agus làithean-saora a rèir an lùghdachadh ann an lathaichean obrach.

- 4.3 Chomhairlich buill sùil a chumail nach eil neach a tha a' gabhail tòrr ùine dheth gun phàigheadh a' fàgail dhaoine eile san aon sgioba fo chus uallaich.
- 4.4 Thèid pìos goirid a chuir ri leabhar-làimhe na buidhne gus innse dhan luchd-obrach. Cuirear seo an gnìomh bho 1/4/20. (Gníomh: NP)

## 5 Clàr Riosgan

- 5.1 Aig coinneamh na Comataidh air 21/5/19 chaidh deasbad a chumail mun tionndadh ùr de Chlàr nan Riosgan. Bha an tionndadh sin, le molaidhean na Comataidh air an cuir an sàs, air beulaibh bhall, a bha cuideachd a' sealltainn adhartas le na molaidhean air fad.
- 5.2 Chaidh a mhìneachadh ged a bha gluasad ann le cuid de na riosgan, nach eil cus gluasad air a bhith ann san fharsaingeachd bhon choinneamh mu dheireadh, le na riosgan co-cheangailte ri Ro-innleachd agus Maoineachadh fhathast a' gabhail prìomhachas agus air am measadh aig an ìre as àirde.
- 5.3 Chaidh còmhradh a chumail mu riosg 12. Chaidh innse gu bheil co-obrachadh soirbheachail a' tachairt le BBC Scotland sa cho-theacsa seo.
- 5.4 Chaidh còmhradh a chumail mu riosg 14. Chaidh innse gum bi Riaghaltas na h-Alba a' cur air chois fòram luchd-ùidh, le dùil ri aithisg ro dheireadh na bliadhna. Chaidh fàilte a chuir air an seo agus thèid fios a chumail ris a' Bhòrd. (Gníomh: DC)
- 5.5 Chaidh aontachadh gum biodh e feumail na dathan fa leth a chuir air duilleagan eadar-dhealaichte, ie, na riosgan deurga air fad air aona dhuilleag, is mar sin air adhart.
- 5.6 Chaidh aontachadh gum biodh e feumail nan deigheadh a' chlàr air fad air beulaibh a' bhùird aig coinneamh na Sultaine, ach an dèidh sinn gur e na riosgan deurga a-mhàin a bhiodh a' dol fan comhair (mar a chaidh aontachadh cheana).
- 5.7 Chaidh moladh air leth a dhèanamh air fòrmát agus coltas a' chlàr.

(Gníomhan: DMD)

## 6 KPIs

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Ri linn cumadh ùr air Plana Obrachaidh na buidhne, stèidichte air ro-innleachd ioma-ùrlair, bhathas dol a ghluasad gu siostam aithris mìosail, a' cleachdadadh dòigh a bhios a' glacadh amasan an Lèirsinn 2021 agus am Plana Obrachaidh 2019-20.
- 6.2 Chaidh fàilte a chuir air an siostam ùr, ged a bha aithne ann gu robh feum air eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar "Performance Indicator" agus "Key Performance Indicator" gus lùghdachadh a dhèanamh air an fheadhainn a dheigheadh mu choinneimh a' Bhùird.

- 6.3 Thèid an tionndadh a chuir air beulaibh a' bhùird air 25/26 Sultain. (Gníomh: DC)

**7 HR**

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug buill fainear.
- 7.2 Chaidh seisean prìobhaideachd a chumail aig deireadh na coinneimh, leis an Àrd-Oifigear agus buill a-mhàin an làthair.
- 7.3 Thug buill taic don mholadh gun deigheadh Stiùiriche ùr fhastadh le uallach airson Ro-innleachd Chorporra & Chùisean Thaobh a-Muigh agus dh'iarr iad gum biodh e soilleir don bhòrd ciamar a bhathas gu bhith a' maoineachadh na h-obrach sna bliadhnaichean air thoiseach (ie buaidh air buidseat) na buidhne. (Gníomh: DC)

**8 In-sgrùdad - Na Meadhanan Sòisealta & Èifeachdas a' Bhùird**

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le dreach Poileasaidh nam Meadhanan Sòisealta agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.2 Bha buill riaraichte san fharsaingeachd leis a' phoileasaidh ach chaidh na leanas a mholadh:
- 8.2.1 gum biodh e na b' fheumaile nam biodh sgaradh ann eadar poileasaidh choitchinn na buidhne airson luchd-obrach agus buill agus poileasaidh is modhan-obrach nan oifigean air a bheil uallach a bhith a' ruith cunntasan oifigeil MG ALBA, BBC ALBA agus LearnGaelic;
- 8.2.2 gum bu chòir sùil a chumail air dleastanas càramba na buidhne airson luchd-obrach agus ciamar a b' urrainnear taic a chumail ri luchd-obrach a dh'fhaodadh a bhith fo bhuaidh aithris no a' fulang càineadh air na meadhanan sòisealta; agus
- 8.2.3 gu feumadh coimhead nach robh am poileasaidh coitchinn airson luchd-obrach agus buill, mar a bha e an-dràsta, ro chuingealach air còirichean pearsanta dhaonna, ged a dh'fheumadh comhairle practaigeach a bhith ann.
- 8.3 Chaidh aontachadh tionndadh eile den phoileasaidh a chuir chun ath choinneamh san t-Samhain, le aithisg air ère coileantachd. (Gníomh: MAMI)
- 8.4 Bha pàipear cuideachd air beulaibh bhall le fiosrachadh mu Èifeachdas a' Bhùird agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.5 Chaidh innse gu bheil an obair a' leantainn le Wylie and Bisset. Bidh iad a' cumail agallamhan le buill agus luchd-obrach san ùine tha romhainn agus bidh iad an làthair aig coinneamhan bùird agus comataidh as t-Samhain.

## **9 Planadh Bhuidseatan 2019/20**

- 9.1 Bha pàipear air bheulaibh bhall a' mìneachadh gu robhas a' toirt fainear gu robh Plana Bliadhail 19-20 a' moladh buidseatan luach £13m an coimeas ri teachd a-steach de £12.8m agus ri linn sin, tha £200k ri lorg tro shàbhalaidhean no teachd-a-steach ùr.
- 9.2 Bha am buidseat as ùire a' cothromachadh a' bhuidseit tro shàbhalaidhean de £200k air beulaibh bhall.
- 9.3 Bha buill riaraichte le na bha air aithris ann an notaichean 1-7 den buidseat, ach gu robh feum air an tuilleadh còmhraidi mu nota 8 (Pròiseactan Ro-innleachd) ann an co-theacsa a' chòmhradh mu dhreuchd ùr fo phuing 7.

## **10 Cùmhnantan Seirbheis**

- 10.1 Aig coinneamh 21/5/19, chaidh aontachadh deitichean töiseachaidh, deitichean lèirmheas agus cosgaisean bliadhail a chuir mu choinneamh gach cùmhnant agus bha an tionndadh sin air beulaibh bhall.
- 10.2 Bha buill riaraichte agus dh'ainmich iad gum bu chòir sùbailteachd a bhith aig oifigearan an clàr-ama ath-dhealbhachadh gus ùine iomchaidh a thoirt dhaibh lèirmheas air gach cùmhnantan a dhèanamh gun a bhith ann an cus cabhaig.
- 10.3 Thèid an ath thionndadh den phàipear a chuir fa chomar bhall aig an ath choinneamh.  
(Gníomh: NP)

## **11. Poileasaidhean**

- 11.1 Ann an co-theacsa a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil sgriobhainn riaghachais na buidhne coileanta, bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 11.2 Bha liosta de phoileasaidhean agus clàr-ama airson lèirmheas air beulaibh bhall agus bha iad riaraichte leis.
- 11.3 Chaidh aontachadh leis an fheum airson poileasaidh *Stress* agus dheigheadh deit a chur ris.  
(Gníomh: MAMI)
- 11.4 Bha dreach Poileasaidh Glèidheadh Dàta (+Retention of Records Procedure agus Retention and Disposal Schedule) air beulaibh bhall. Bha buill riaraichte agus thèid seo air beulaibh a' bhùird san t-Samhain airson aonta. (Gníomh: MAMI)
- 11.5 Chaidh innse nach robh an aithisg dèanadais co-cheangailte ris a' Phoileasaidh Àrainneachd deiseil ach thèid a sgaoileadh cho luath 's a bhios e ann. (Gníomh: NMG)
- 11.6 Bha moladh air beulaibh bhall airson atharrachadh a chur ri para 2.18 den leabhar-làimhe na buidhne mu bhith a' gabhail pàirt ann am prògraman. An-dràsta tha neach sam bith le tiotal

obrach “coimiseanair” gu h-iomlan air a chasg bho bhith a’ gabhail pàirt ann am prògraman maoinichte le MG ALBA agus chaidh sin a theannachadh gu “broadcast commissioner” gus nach biodh e a’ cuingealachadh an fheadhainn a bha an sàs ann an stuthan goirid. Chaidh seo aontachadh agus thèid an leabhar-làimhe ùrachadh dha rèir. (Gníomh: MAMI)

- 11.7 Chaidh a mholadh coimhead ris am biodh e iomchaidh na Riaghailtean Ionmhasail agus am Poileasaidh Solarachaидh a chuir còmhla. (Gníomh: DMD)
- 11.8 Le tòrr phoileasadhean feumach air lèirmheas san ùine tha romhainn, chaidh aontachadh gun tèid grunnan aca a làimhseachadh tro mhodh-obrach sgrìobhte ron ath choinneamh. (Gníomh: MAMI)

## **12      Plana Leantainneach Ghnothaich**

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh innse gu bheileas ag ullachadh airson deuchainn bhliadh nail, le dùil a chumail aig toiseachd na Samhna 2019, far an tèid togail air an obair a chaidh a dhèanamh ann an 2018 ann a bhith a’ neartachadh agus a’ leasachadh an sgioba Leantainneach Ghnothaich air fad, seach na manaidsearan a-mhàin.
- 12.2 Thig aithisg air beulaibh an ath choinneamh den chomataidh as t-Samhain. (Gníomh: DMD)

## **13      Aithisgean Raitheil – Q1 2019/20**

- 13.1 Chaidh fainear a thoirt don phasgan cunntasachd. Chaidh iarraidh ainm an riochdaire a chur ri cùisean air td16. (Gníomh: NP)

## **14      GISBE**

- 14.1 Cha robh gin.

## **15      Deit na h-ath choinneimh – 7/11/19, Glaschu.**

*Ainm sgrìobhte a’ Chatraiche:*

*Deit:*